

Tha nise do bhru,
 Da 'n' robb thu a lub,
 Do ghaincambh 's do uir gle lan :
 'S do dheudadh air glas,
 Mu d' theangaidh gun bhlas,
 Fuidh gheimhlichibh prais a bhais.

No morair ro mhor,
 A thachair am dhorn,
 Neach aig an robb coir air tir ;
 Bha iochdmhar re bochd,
 A cluthach nan nochd,
 Reir pailteas a thoic 's a nthi ?

No 'n robb thu ro chruaidh,
 A fionnadh do thuath,
 'S a tanach an gruaidh le mal ;
 Le h-agartas geur
 A glacadh an spreidh
 'S am bochduinn ag eimheach dail ?

Gun chridh' aig na daoin,
 Bha'r lomadh le h-aois,
 Le 'n' clraiginnibh maola truagh ;
 Bhi seasamh a' d' choir,
 Gun bhoineid nan dorn
 Ge 'd tholladh goth reot an cluas :

Tha nise do thrail,
 Gun urram a' d' dhail,
 Gun ghearsom' gun mhal' gun mhod ;
 Mor-mholadh do'n bhas,